

Candidate evidence

Stimulus: "Tha barrachd cron na buannachd ann an armachd niùclasach"

The armachd Niuclasach mì-thròcaireach agus neo-dhaonndachail agus feumaidh sinn cuidhteas fhaighinn dhiubh nam bheachd-sa. A-rèir an fhianais, tha barrachd cron na buannachd ann an armachd niùclasach aig a' cheann thall co-dhiù.

Tha sligean-tilgidh Trident ann an Alba a' siubhal aig astar 13,000 mìle san uair agus faodaidh iad a dhol 4,000 mìle. Faodaidh na bàtaichean-tumaidh 40 cinn-slige niuclasach agus suas gu 8 sligean a ghiùlan orra. Tha na sligean seo 7 tursan nas làidire na an fheadhainn a bhathar a' cleachdach ann an Iapan anns an dàrna cogadh. Air 6mh den Lùnastal 1945, leag pleana-bomaidh B-29 Ameireaganach a' chiad boma niuclasach san t-saoghal thairis air am baile Hiroshima. Mharbh an spreadhadh timcheall air 180,000 duine sa bhad. Bhàsaich deichead de mhìltean a bharrachd a' fulang bhon reididheachd. Trì laithean às deidh an spreadhadh air an 9mh den Lùnastal leag iad boma eile thairis air Nagasaki agus mharbh e seo 70,000 daoine a bharrachd.

'S e an t-argamaid as làidire an aghaidh armachd niùclasach, am pian agus am fulangas agus am bàs a dh' adhbharaicheas iad. Seo na thachradh nan deidheadh boma niùclasach a chleachdadh an-diugh:

Bhiodh ball de phlasma nas teotha na a' ghrian a' fàs nas motha na 2km. Bhiodh a h-uile càil agus a h-uile duine sa bhall dìreach air an sgriosadh. Bhiodh a' mhòr-chuid de thoglaichean, chàraichean, chraobhan agus dhaoine uile air an sgriosadh

gu h-obann. Bhiodh teas an spreadhaidh cho teth is gum biodh a h-uile càil a' losgadh cho fada ri 13km anns a h-uile taobh bhon làrach-spreadhaidh. Bhiodh a h-uile càil airson 500km ceàrnagach na theine. Bhiodh seo uile a' tachairt ann an dìreach 1 dhìog. Bhiodh sgòth bolg-losgainn de theine a' leum suas fad ceudameatairean a dh'àirde dhan adhar. Bhiodh am ball-teint seo ag ithe an ogsaidean gu lèir mu chuairt san adhar agus dh'adhbhraicheadh e stoirm de theine a bhiodh uamhasach. Ann am beagan mhionaidean bhiodh ceudan de mhìltean de dhaoine air bàsachadh agus iomadach duine eile air an goirteachadh. Agus chan e sin deireadh a' chùis nas motha! Bhiodh sradagan teine a' tuiteam sìos air gach nì mu chuairt, mar a bhios uisge a' tuiteam. Bhiodh an stuth niuclasach seo a' cruthachadh rèididheachd agus mharbhadh seo tuilleadh dhaoine. Dh'fhaodadh e cuideachd cron a dhèanamh air duine a tha faisg gu leòr, oir b' urrainn dhaibh aillse fhaighinn, no cataracts no fiù galar thyroid. Cuirp marbh a' losgadh. Sgreadail dhaoine faisg air bàs. Craiceann a' tuiteam far chnìomhan. Seo dè thachair ann an Iapan san Dàrna Cogaidh...

'S e argamaid eile an aghaidh armachd niuclasach, gun deach na billeanan a chosg air an rannsachadh air an son agus leasachadh. Thairis an beatha chosg na sligean Trident £178 billean nota. Dh'fhaodadh an t-airgead seo a bhith air a chosg air adhbharan nas fhèarr mar cùram-slainte neo foghlam. Dh'fhaodadh an airgeid seo paigheadh airson an trèanadh de 227,000 poileas ur, an treanadh de 289,000 nursaichean no 2,300 sgoiltean a thogail.

The armachd nuiclasach shuas ann am Bunait Chluaidh a' Chabhlaich ged a chaidh muinntir na h-Alba, am buidheann STUC, agus Eaglais na h-Alba nan aghaidh bhon fhìor thoiseach. Ann an 2016 bhot 58 a mach à 59 Ball-Pharlamaid airson cuidhteas fhaighinn dhan armachd niuclasach. The 56% de na daoine Albannach an aghaidh armachd niuclasach. A-rèir figearan YouGov tha a' mhòr-chuid de dhaoine Albannach a' smaoineachadh gum bu chòir an co-dhùnadh deireannach air na sligean Trident a bhith aig Riaghaltas na h-Alba seach na daoine neo-chomasach ann an Westminster. Tha na Tòraidhean agus Labaraich deònaiche billeanan de noteachan a chosg air an armachd brùideil seo. Leis a' chùis seo tha e follaiseach nach eile am Parlamaid ann an Lunainn ag obair airson Alba.

Tha an cunnart nas motha na bha e a-riamh de chogadh niùclasach iomlan bhon Chogadh Fhuar. Dè am buaidh a bhiodh aig cogadh niuclasach? Dhèanadh e sgrios air bailtean-mòra gu lèir, beathachan agus planntais sam bith ann an raon nan spreadhaidhean niùclasach.

Ann an co-dhùnaidh tha mi den bheachd gum bu chòir dhuinn cuidhteas fhaighinn de armachd Niuclasach. 'S e an aon dòigh air armachd Niuclasach ann an Alba a sheachnadh, ma gheibheas Alba neo-eisimeileachd. Feumaidh gum bi an fhianais air an goirtichte agus fulangach a rinn iad ann an Hiroshima agus Nagasaki a' cur ìmpidh air neach sam bith airson cuir às do armachd Niuclasach. Bhiodh cogadh niuclasach a' toirt buaidh uamhasach air an t-saoghal. Bhiodh cogadh niuclasach a' tionndaidh an t-soaghal gu talamh coltach ri fàsach de phuinnsean. Feumaidh sinn stad a chur air armachd nuclasach mus bi e ro anmoch.

Olaf Stando ,Trident: 8 things you need to know,

<https://www.snp.org/tridentfacts/>

Kurzgesagt - In a Nutshell ,what if we nuke a city,

https://www.youtube.com/watch?v=5iPH-br_eJQ

Life Noggin, what will a nuclear blast do to your

body,<https://www.youtube.com/watch?v=KXPFrip3yF0>

Jen Maman, Five reasons to support a total ban of nuclear weapons today,

<https://www.greenpeace.org/international/story/18631/five-reasons-prohibition-of-nuclear-weapons/>

Vanguard class ballistic missile submarine,

<https://www.royalnavy.mod.uk/the-equipment/submarines/ballistic-submarines/vanguard-class>